



Tiotal: Co-ionannachd Gnè

Pàirt 2: Co-ionannachd agus an lagh

Ire: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ri na chaidh ionnsachadh aig a Cheathramh ìre.

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho1dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòirichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh.HWB 4-48a</p> <p>Tha fios agam mar a dhèiligeas mi ri suidheachaidhean cocheangailte ri mo shlàinte is sunnd ghnèitheasach agus aithnichidh mi dol-a-mach gnèitheasach iomchaidh. HWB 4-49b</p>	<ul style="list-style-type: none">• A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.• A' tuigsinn nan còraichean agus na dleastanasan a tha nam pàirt de fheise shàbhailte agus thlachdmhòor.• A' mìneachadh mar a gheibhear cothrom air fiosrachadh, stiùireadh agus taic gu h-ionadail agus gu nàiseanta.• A' sealltainn tuigse dhen taic a tha ri fhaighinn agus dhen lagh timcheall air diofar sheòrsaichean droch-dhiol, mar eisimpleir FGM, droch-dhiol san dachaigh, grumadh, dubh-shaothradh feiseil chloinne.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum meòraich daoin' òga air co-ionannachd gnè ann an co-theacs dhàimhean – san fharsaingeachd sa chomann-shòisealta agus ann an dàimhean nas pearsanta.
- Gun tuig daoin' òga na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè/leth-bhreith fheiseil.
- Gun tuig daoin' òga gu bheil an lagh a' beatann ris an sgoil agus ri foghlam.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha co-ionannachd a' ciallachadh dhòmhsa.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè/leth-bhreith fheiseil.
- Tha fios agam gum bu chòir àrainnean ionnsachaidh agus obrach a bhith nan àiteachan co-ionannachd agus sàbhailteachd dhòmhsa.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus fiosrachadh, taic agus cuideachadh a shireadh nauir a tha mi feumach air agus ma thàthar a' briseadh a-steach air mo chòraichean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Prop airson Còmhradh/obair buidhne: **How might a person experience sex discrimination?**
- Prop airson Còmhradh/obair buidhne: **Helping make a gender equal world.**
- Film: What is sex discrimination? (faid 1 mhion. 15) <https://youtu.be/tZYlgRFPkU>
- Film: What is direct and indirect discrimination? (faid 4 mhion. 55) https://youtu.be/BdFw_i03V0A

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh cuiribh a bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na, sanasan.

Obair

1. Tòisich an seisean le bhith a' cur an cuimhne nan daoin' òga mun t-seisean mu dheireadh far an robh an clas/a' bhuidheann a' dèanamh sgrùdadh air co-ionannachd gnè, mar sin a' smaoineachadh mun dàimh eadar fireannaich agus boireannaich sa chomann - shòisealta agus air mar a smaoinicheadas sinn mu cho-ionannachd ann an dàimhean pearsanta.
2. Inns, san t-seisean seo, gum bi cothrom ann coimhead air na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè. Airson cur nan cuimhne na tha sinn a' ciallachadh le co-ionannachd seal an slaighd: **Dè th' ann an co-ionannachd gnè?**
3. **An lagh ann an Alba:** A' cleachdad an ath shlaighd, mìnich gur e **An Achd Co-ionannachd** (2010) a' phrìomh reachdas a tha a' cuir an cèill an lagh air diofar sheòrsaichean co-ionannachd. Mìnich gu bheil an lagh a' dòn dhaoine bho leth-bhreith stèidhichte air na 9 feartan seo. Mar a tha thu a' dol romhpa seo a' cleachdad an slaighd dèan cinnteach à tuigse agus èsit ri beachdan no ceistean sam bith.
3. **Dè th' ann an leth-bhreith feiseil?** Inns, bhon a tha an clas/a' bhuidheann gus a bhith a' smaoineachadh mu ghnè, gu bheil e cudromach coimhead air cuin a dh'fhaodas neach a bhith a' fulang leth-bhreith air sgàth an gnè. Canaigh sinn leth-bhreith fheiseil ris an seo. Seall an slaighd, leugh na diofar sheòrsaichean leth-bhreith gu h-aithghearr (faid 1 mhion 15):

Tha 4 diofar seòrsaichean leth-bhreith fheiseil ann: **1. Leth-bhreith dhìreach** **2. Leth-bhreith neo-dhìreach** **3. Sàrachadh** **4. Làimhseachadh mì-chothromach air sgàth gearan co-cheangailte ri càraichean.**

What is sex discrimination? <https://youtu.be/tZYlgRFPkU>

4. **Dè th' ann an leth-bhreith dhìreach agus neo-dhìreach?** Mìnich gu bheil e cudromach tuigsinn gu bheil cuid de leth-bhreith gu math soilleir, me cuideigin ag èigheach cainnt ghràin-chinnidheadh ri neach eile. Ach uaireannan chan eil leth-bhreith cho soilleir, me gun a bhith a' toirt obair do neach seach gur e boireannach a th' annta ach a' toirt adhbhar eile seachad. Seall am film goirid (faid 4 mionaidean 56) mar mhìneachadh air an seo: *Dè a th' ann an leth-bhreith dìreach agus neo-dhìreach?* https://youtu.be/BdFw_i03VOA
5. A-nis agus sibh air cluinntinn mu leth-bhreith dhìreach agus neo-dhìreach cleachd an t-streath de 4 slaighdean airson innse mu **shàrachadh feiseil agus làimhseachadh mì-chothromach air sgàth gearan co-cheangailte ri càraichean**. Dèan cinnteach à tuigse.
6. **Thoir a-steach an obair-buidhne: Dè na dòighean sam faod neach a bhith a' fulang leth-bhreith feiseil?** Iarr air na daoin' òga obrachadh ann am buidheann beag. Thoir am prop leis na 4 diofar sheòrsaichean leth-bhreith anns gach cairteal do gach buidheann – inns dhaibh gu bheil cairtean shuidheachaidhean ann (feadhainn aca stèidhichte anns an sgoil, feadhainn eile san àrainn-obrach) agus feumaidh a' bhuidheann cur romhpa/aontachadh de an seòrsa leth-bhreith feiseil a tha seo. Brosnaich còmhradh, fios air ais agus cleachd duilleag an tidseir airson soilleireachadh sam bith a tha a dhìth.

- 7. Cuir dùbhlàan eile mu choinneamh nan daoin' òga.** An urrainn dhaibh barrachd eisimpleirean ainmeachadh de na seòrsaichean leth-bhreith a dh'fhaodas tachairt ann an sgoil?
- 8. A' dèanamh saoghal a tha co-ionann a thaobh gnè. Na beachdan againne airson atharrachadh agus na bu chòir tachairt.** Clò-bhuail agus cleachd am prop sa phasgan. Iarr air na daoin' òga obrachadh ann an 6 buidhnean, gheibh gach buidheann earrann air am bi aca ri smaoineachadh (leugh a-mach iad): **AN DACHAIGH/SGOIL/ÀITEACHAN-OBRACH/SPÒRS/TELEBHISEAN+FILM/AIR-LOIDHNE+MEADHANAN-SÒISEALTA**
Mìnich gur e an dùbhlàan cruinneachadh bheachdan a chruthachadh a dhèanadh saoghal a tha co-ionann a thaobh gnè, saoghal far nach biodh duine a' fulang leth-bhreith fheiseil; tha aig daoin' òga ri beachdan a thoirt seachad air na h-atharrachaidhean a tha a dhìth agus mar a ghabhas an toirt gu buil. Thoir ùine do gach buidheann agus an uair sin iarr air leth de na buidhnean gluasad timcheall, obrachadh còmhla ris na daoine anns gach buidheann, faigh a-mach dè thuirt iad, an urrainn dhaibh tuilleadh a chur ris? Thoir air na buidhnean gluasad timcheall 2 no 3 thursan, cho fad 's a tha còmhraidhean a' dol. Cuir crìoch le bhith a' bruidhinn mu na diofar bheachdan.
- 9. Airson crìochnachadh,** thoir taing dha na daoin' òga airson pàirt a ghabhail, 's dòcha airson doimhneachd nan còmhraidhean aca agus na suidheachaidhean agus na cùisean air an robh iad a' bruidhinn, agus inns gum bi iad a' coimhead air co-ionnannachd gnè san sgoil agus san ait'-obrach san ath sheisean.

Tha goireasan ionnsachaidd eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Dàimhean
- An sgoil agus an àrainn-obrach

Nòtaichean Tidseir